



Tìotal: Feisealachd Dhaoine agus Còraichean Feiseil Pàirt 2: A’ seasamh suas airson ar còraichean feiseil

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus a bhith air a chleachdadh gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a</p> <p>I am aware of the need to respect personal space and boundaries and can recognise and respond appropriately to verbal and non-verbal communication. HWB 4-45b</p> <p>Tha fios agam mar a làimhsicheas mi suidheachaidhean a thaobh mo shlàinte 's mo shunnd gnèitheasaich agus tha mi ag ionnsachadh a bhith a’ tuigsinn dè th’ ann an giùlan gnèitheasach iomchaidh. HWB 4-49a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a’ gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a’ gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 4-48a</p> <p>Tha fios agam far am faighear taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol, agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB 4-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ dèanamh sgaradh eadar mì-chothromachd cumhachd agus mì-chleachdadh cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir spèis, earbsa, fòirneadh, aonta. • A’ tuigsinn nan còraichean agus nan dleastanasan a dh’fheumar air a bhith ri feise an dòigh sàbhailte agus tlachdmhor. • A’ sealltainn tuigse den taic a tha ri fhaotainn agus den lagh timcheall air diofar sheòrsaichean droch-dhìol, me milleadh buill-ghineamainn nam ban (FGM), droch-dhìol san dachaigh, grumadh, dubh-shaothrachadh feiseil chloinne.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine’ òga gu bheil sinn gu lèir nar creutairean feiseil.
- Gun leasaich daoine’ òga tuigse fharsaing gu bheil ar feisealachd mu fhaireachdainnean, smuaintean, nòiseanan agus giùlan feiseil.
- Gun tuig daoine’ òga bun-bheachd chòraichean feiseil.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha fios agam gu bheil m’ fheisealachd mu na faireachdainnean, na smuaintean, 's na nòiseanan agam agus mum ghiùlan.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu mo chòraichean feiseil a’ gabhail a-steach mo chòir air dàimhean pearsanta agus dlùth a tha fallain, toilichte agus sàbhailte.
- Tha fios agam far am faigh mi fiosrachadh, cuideachadh agus taic ma tha e a dhìth orm.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Duilleag clàraidh/prop airson obair buidhne: *The right to know and learn*
- Cairt/pinn airson an rud a tha ‘ceart’ dhaibhsan a sgrìobhadh

- Sexual Rights – Dèante leis an IPPF <https://youtu.be/mPwfRBXVgxl> (faid 1 mhion. 44)
- **Bu chòir dhan tidsear/neach foghlaim slaighd a dheasachadh le fiosrachadh mu sheirbheisean slàinte feise/dìomhair do dhaoin' òga.**
- Tha an obair seo a' tarraing air Exclaim! Young People's Guide to 'Sexual Rights: An IPPF declaration' <https://www.ippf.org/resource/exclaim-young-peoples-guide-sexual-rights-ippf-declaration>

Obair

1. Tòisich le ruith thairis air na rinn sibh air feisealachd dhaonna san t-seisean mu dheireadh (Dè tha cuimhne aca air?) agus mu **chòraichean feiseil**. Mar chuimhneachan, seall an slaighd le giorrachadh dhe na 10 prìomh puingean.
2. Inns dha na daoine òga mu na tha aon de na còraichean sin a' ciallachadh, agus mar a ghabhas a choileanadh. An toiseach, coimhead am film iomairt goirid a tha a' brosnachadh chòraichean feise mar chòraichean daonna: **Sexual Rights** – dèante leis an IPPF <https://youtu.be/mPwfRBXVgxl> (faid 1 mionaid 44) Èist ri ciad smuaintean sam bith, cleachd na ceistean air an t-slaighd airson do chuideachadh: *Dè tha daoine òga ag ràdh mu na còraichean feise aca? Carson a dh'fhaodadh cuid de chòraichean feise a bhith air an diùltadh?*
3. 'S e fear de na còraichean feise a th' aig daoine òga (air an slaighd):

Còir air fios agus ionnsachadh: Tha còir aig gach neach òg air foghlam agus ionnsachadh, a' gabhail a-steach foghlam coitcheann, mothachail do ghnè agus foghlam feiseil stèidhichte air còraichean, san sgoil agus an taobh a-muigh dhen sgoil.

4. **Còir air fios agus ionnsachadh: Ma tha còir mar seo aig daoine òga, ciamar a bu chòir dha obrachadh?** Tòisich an leasan. Cleachd am prop/duilleag-clàraidh airson a mhìneachadh. Tha e ag iarraidh air na daoine òga smaoinichadh air na bu chòir do chlann òga ionnsachadh san sgoil, na bu chòir do chlann dhen aois acasan ionnsachadh, agus air na bu chòir dhaibh ionnsachadh san sgoil sna bliadhnaichean ri teachd. Inns gu bheil am prop air a roinn ann an 3 earrannan bhon 's ann mar seo a tha sinn a' smaoinichadh ann an sgoiltean na h-Alba: Dàimhean/Fallaineachd feiseil/Pàrantachd. Iarr air a' chloinn obrachadh ann am buidhnean beaga, broснаich còmhradh agus dèan sgrùdadh far a bheilear ag aontachadh agus far nach eilear ag aontachadh.
5. **A' dìon chòraichean feiseil:** Mìnich gur e an dàrna pàirt den leasan an-diugh smaoinichadh mu na còraichean feise eile cuideachd. Cuir an liosta de 10 air ais suas air an t-slaighd. Mìnich an gnìomh mar a leanas: Anns na buidhnean beaga tha aca ri còir feise a thaghadh a tha a' seasamh a-mach dhaibhsan, fear as urrainn dhaibh a dhìon le diorras. Bu chòir dhaibh a' chòir seo a sgrìobhadh air pìos cairt airson 's gun urrainn dhaibh a cumail suas nuair a tha iad a' bruidhinn nas fhaide air adhart. (Carson nach dèan thu sanasan mar a bhiodh agaibh airson taisbeanadh/iomairt?) Bidh buidhnean an uair sin a' toirt fios-air-ais agus bidh na buidhnean a' bhòtadh airson a' bhuidheann as fheàrr a thog fianais – inns dhaibh nach fhaod iad bhòtadh dhan bhuidheann aca fhèin. (Dh'fhaodadh duais bheag a bhith dhan sgioba a bhuannaicheas?) Mar sin:
 - Tagh còir a tha thu airson a dhìon
 - Inns nad fhaclan fhèin na tha i a' ciallachadh dhutsa
 - Inns carson a tha e cudromach san t-saoghal an-diugh
 - Mìnich dè an diofar a nì e ma tha a' chòir seo aig a h-uile neach
6. Cuir slaighd nan 10 còraichean feise suas a-rithist. Cuimhnich dha na daoine òga gur iad seo na còraichean acasan. Tha còir aca a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte nuair a tha iad a' dèiligeadh ri dàimhean, feise agus am bodhaigean.
7. Airson crìochnachadh, faighnich dhan chlas/bhuidheann – càit am bi sibh a' dol airson fiosrachadh, comhairle agus taic mu chùisean slàinte, 's dòcha cùisean fallaineachd feise, ach cuideachd ceistean

slàinte no draghan sam bith a th' agaibh? Seall an slaighd a dheasaich thu ro-làimh le fiosrachadh ionadail.

Beachdan eile

- Seall na 'còraichean' (air cairt/sanasan) a thagh na daoine' òga mar fhòcas airson nan taisbeanaidhean aca.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Bun-bheachd chòraichean feiseil

Nòtaichean Tidseir

